



Education
Scotland
Foghlam Alba

Slatan-tomhais

Eòlas Creideimh airson Sgoiltean Caitligeach

Am Màrt 2017

Foghlam Alba

Stìuireadh air cleachdadh Shlatan-tomhais airson Measadh

Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#)

(Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasc agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha dleastanas susbaint Eòlas Creideimh ann an Sgoiltean Caitligeach a' laighe le Co-labhairt Easbaigean na h-Alba agus tha e air a chur an cèill tro *This is Our Faith* a thuilleadh air Eòlasan agus Builean do Eòlas Creideimh ann an Sgoiltean Caitligeach.

Tha slatan-tomhais air an leasachadh gus soilleireachd a sholarachadh air na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mineachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an littearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiosrachadh gus a bhith comasach air adhartachadh tro na h-ìrean, agus taic a chur ri cunbalachd ann am breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais airson taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Tha tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail is cosnaidh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha slatan-tomhais air an deilbh airson taic a chur ri còmhradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas cuimseachd airson measadh a dhèanamh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Cuidichidh iad le bhith a' cur taic ri modhan measaidh iomlanach tarsainn ionnsachadh. Cha bu chòir an comharrachadh dheth fa leth airson adhbharan measaidh.

Bu chòir slatan-tomhais airson littearrachd is àireamhachd an cleachdad mar thaic do bheithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc air ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn-obrach;
- amharc agus ais-fhiosrachadh bho ghnìomhachdan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir air a' bhlàr a-muigh, air greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;

- còmhraidhean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

Slatan-tomhais ann an raointean curraicealaím

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de fhiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh gu soilleir, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ìre den churraicealam.

Faodaidh tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, faodaidh Slatan-tomhais taic a chur ri tidsearan speisealach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu bhith cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ìre iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ìre as àirde. Seachainnidh seo eallach-obrach a tha tuilleadh 's a' chóir do thidsearan agus measaidhean neorriatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chóir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ìre a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chóir do sgoiltean cunntas càramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chóir Slatan-tomhais a chleachdad airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

Litarrachd agus Àireamhachd

Ann an litarrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ìre. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig ìrean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro chuimseachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiosrachadh tro raon fharsaing de fhanais. Bu chóir Slatan-tomhais a chleachdad airson ath-sgrùedad a dhèanamh air an raon de fhanais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:

- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre;
- dèiligeadh cunbalach math leis an ìre de **dhùbhlàn** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre, agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ìre ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh anns na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus neo-aithnichte.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ìre shònraichte mus gluais iad air adhart chun na h-ath ìre. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sam bith ann an

ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraichearan anns gach raon den churraicealam.

Planadh ionnsachadh, teagasc agus measadh a' cleachdadhe nan Slatan-tomhais

A thuileadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadhe Shlatan-tomhais, bu choir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR	PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÈANAR
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais litearrachd agus àireamhachd a chleachdadhe gus cuideachadh le sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh ire, agus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan air an uair a tha an neach-ionnsachaidh air ire a choileanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraighe air adhartas chloinne.
<ul style="list-style-type: none"> Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain an riatanas a bhith a' tional tuilleadh 's a' choir de dh'fhanais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a chleachdadhe gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadhe airson nan ath cheumannan dùblanach ann an ionnsachadh, a phlanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Chan eil adhbhar air breithneachaidhean a dhèanamh air irean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cum ri litearrachd agus àireamhachd.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim. 	<ul style="list-style-type: none"> Na cruthaich dòighean-obrach mì-choltach no mionaideach le sgrùdadh agus tracadh.
	<ul style="list-style-type: none"> Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.
	<ul style="list-style-type: none"> Na comharrach dheth Slatan-tomhais fa leth.

Eòlas Creideimh Tràth-ìre ann an Sgoiltean Caitligeach

Eagraicheadar Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Diomhaireachd Dhè	<p>Tha mi a' rannsachadh saoghal nàdarrach Dhè agus tha mi a' tòiseachadh a' faicinn iongnadh agus mìorbhail an tiodhlaic seo san t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Còmhradh mu dheidhinn far am faic iad cruthaidheachd Dhè. Ag aithneachadh agus a' comharrachadh soidhnichean de ghràdh Dhè. Taisbeanadh gràdh do chàch. <ul style="list-style-type: none"> Roinn nan gibhteann a th' aca agus a' labhairt mu dheidhinn mar a tha iad diofraichte bho chuid chàich. <ul style="list-style-type: none"> Faighneachd agus freagairt cheisteann mu an coimhearsnachd agus a' toirt eisimpleir de mar a tha iad nam pàirt de choimhearsnachd Chaitligeach. Labhairt mu dheidhinn agus toirt eisimpleir den adhbhar a tha Didòmhnaich sònraichte do Chrìosdaidhean Caitligeach. <ul style="list-style-type: none"> Fios gur e ùrnaigh a th' annainn a' labhairt ri Dia. Ag ùrnaigh soidhne na croise. Com-pàirteachadh ann an ùrnraighean coitcheann sgoile. <ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh spèis don Bhìoball agus a' labhairt mu dheidhinn an adhbhair a bu chòir dèiligeadh leis le spèis. Labhairt mu dheidhinn sgeulachd le luachan Crìosdail. Labhairt mu dheidhinn cudromachd na Càisge agus na Nollaige do Chrìosdaidhean. Ath-ghairm sgeul na Nollaige agus ag innse carson a tha e cudromach. Aithris gur e ìosa Mac Dhè agus Mac Moire ar Màthair. Ath-ghairm sgeul na Càisge agus ag innse carson a tha e cudromach.
Ann an ìomhaigh Dhè	'S urrainn dhomh mo mhothachadh a roinn, mu na tha gam dhèanamh nam phàiste air leth, a tha air gibhteann fhaighinn bho Dia.	RERC 0-02a
Fìrinn Fhoillsichte Dhè	<p>Tha mi mothachail air gràdh Dhè dhomh agus air a ghairm gum bi mi dlùth Dha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-03a</p> <p>Tha mi a' fàs mothachail air Dia mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Faighneachd agus freagairt cheisteann mu an coimhearsnachd agus a' toirt eisimpleir de mar a tha iad nam pàirt de choimhearsnachd Chaitligeach. Labhairt mu dheidhinn agus toirt eisimpleir den adhbhar a tha Didòmhnaich sònraichte do Chrìosdaidhean Caitligeach. <ul style="list-style-type: none"> Fios gur e ùrnaigh a th' annainn a' labhairt ri Dia. Ag ùrnaigh soidhne na croise. Com-pàirteachadh ann an ùrnraighean coitcheann sgoile.
Mac Dhè	<p>Tha mi eòlach air sgeul na Nollaige agus tha fios agam gum bi sinn aig àm na Nollaige a' comharrachadh breith ìosa, Mac Dhè agus Mac Moire.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-05a</p> <p>Tha mi eòlach air sgeul na Càisge agus tha mi a' tuigsinn gun do thog Dia ìosa bho na mairbh airson a bhith còmhla rinn.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Labhairt mu dheidhinn sgeulachd le luachan Crìosdail. Labhairt mu dheidhinn cudromachd na Càisge agus na Nollaige do Chrìosdaidhean. Ath-ghairm sgeul na Nollaige agus ag innse carson a tha e cudromach. Aithris gur e ìosa Mac Dhè agus Mac Moire ar Màthair. Ath-ghairm sgeul na Càisge agus ag innse carson a tha e cudromach.
Soidhnichean de Dia	Tha mi mothachail gu bheil mi nam phàirt den choimhearsnachd agus tha mi air tòiseachadh a' rannsachadh taobhan den choimhearsnachd Chaitligich ionadail.	RERC 0-08a

Facal Dhè	<p>Than mi mothachail do chuid de sgeulachdan a' Bhìobaill.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-11a</p> <p>Tha fios agam gur e am Bioball Facal brosnaichte Dhè agus gum bu chòir dhomh a làimhseachadh le urram.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-12a</p>	
Uairean Dhè	<p>Tha fios agam nuair a tha mi ag ùrnaigh gu bheil mi a' labhairt ri Dia.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-14a</p> <p>Tha mi mothachail gur e Moire Màthair ìosa agus Ar Màthair-ne.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-15a</p> <p>Is urrainn dhomh a roinn gur e latha speisealta a th' ann an Didòmhnaich, nuair a bhios a' choimhearsnachd Chrìosdail Chaitligeach a' coinneachadh gus an Aifreann a chomharrachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-16a</p> <p>Tha eòlas agam air ùrnaigh choitcheann mar thachartas coimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-17a</p> <p>Is urrainn dhomh a' Chàisg agus an Nollaig aithneachadh mar amannan sònraichte don Choimhearsnachd Chrìosdail.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-18a</p>	
Rioghachadh Dhè	<p>Tha fios agam gu bheil Dia ag iarraidh oirnn gràdh a shealltainn da chèile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-20a</p> <p>Is urrainn dhomh sgeulachdan a fhreagairt a tha a' nochdadhbh ìuachan Criodail.</p> <p style="text-align: right;">RERC 0-21a</p>	

Eòlas Creideimh Ciad Ìre ann an Sgoiltean Caitligeach

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Diomhaireachd Dhè	<p>Tha mi a' faighinn a-mach mu thiodhlac beatha phriseil Dhè agus a' meòrachadh air mar a tha seo a' foillseachafh gràdh Dhè dhomh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Roinn smuaintean agus faireachdainnean gun do chruthaich Dia iad agus gu bheil gràdh aige orra, agus mar a tha beatha na ghibt bho Dia. • Nochdadadh gur e Dia a tha ag iarraidh orra gràdh a thoirt do chàch agus a' roinn mar a chuireas iad an gnìomh gràdh Dhè agus gràdh coimhairsnach. • Roinn smuaintean agus faireachdainnean mu bhith a' dèanamh roghainnean math. Toirt iomradh air agus a' deasbad mar a tha mathanas agus co-rèite cudromach nan dàimh le Dia agus le càch.
Ann an iomhaigh Dhè	<p>Tha fios agam gu bheil Dia gràdhach air mo chruthachadh agus gum faod mo shuidheachadh gun choimeas leasachadh a rèir plana Dhè dhomh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-02a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh ann an deasbad agus meòrachadh mu mar a tha Dia gan cuideachadh agus a' cuideachadh chàich nam beatha agus aig amannan doirbh. • Deasbad dhòighean sa bheil fios aca gu bheil an Spiorad Naomh an làthair ann am beatha dhaoine. • Toirt eisimpleirean bho bheatha nan Naomh de mar a tha an Spiorad Naomh a' neartachadh creideamh.
Fìrinn Fhoillsichte Dhè	<p>Tha mi a' rannsachadh dàimh Dhè le càch agus tha mi air meòrachadh air mar a tha creideamh dhaoine air an cuideachadh aig amannan doirbh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-03a</p> <p>Is urrainn dhomh iomradh a thoirt air Dia an t-Athair, am Mac agus an Spiorad Naomh agus tha mi air meòrachadh air mar as urrainn do Dia taic a thoirt dhomh nam bheatha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ainmeachadh ainmean na Trianaid. • Roinn smuaintean agus faireachdainnean mun adhbhar a tha an Eaglais a' toirt urram do Mhoire. • Com-pàirteachadh le spèis ann am pàirtean den Aifreann. • Ag aithris cuid de dh'ùrnaighean leotha fhèin agus mar phàirt de choimhairsnachd adhraidh. • Cleachdadadh shamhlaidhean agus deas-ghnàthan airson adhradh do Dia. • Toirt iomradh air agus a' deasbad mar a tha soidhnichean
Mac Dhè	<p>Tha mi eòlach air sgeul na Nollaig agus tha fios agam gu bheil sinn a' comharrachadh breith ìosa Mac Dhè agus Mac Moire aig an Nollaig.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-05a</p> <p>Rinn mi sgrùdadh air eileamaidean poilitigeach, sòisealta, eachdraidheil agus creideamhach ann am Palasatain sa chìad linn, agus air tuigse fhaotainn do bheatha ìosa air an talamh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-06a</p> <p>Rinn mi sgrùdadh air inbhe ìosa mar neach-teagaisg</p>	

	<p>agus mar neach-slànachaидh, agus smaoinich mi mun bhuaидh a tha aig a bhriathran agus aig a ghnìomhan air mo bheatha agus air beatha dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-06b</p> <p>Rannsaich mi tachartasan Pàis, Bàis agus Aiseirigh ìosa, agus smaoinich mi mu bhrìgh Chaitligeach na beatha maireannaich.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-07a</p>	<p>agus samhlaidhean gan cuideachadh gu barrachd a thuigsinn mu shubhachasan litearsach.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dol an sàs ann an deasbad mu sgeulachdan a' Bhìobaill agus toirt iomradh nam facail fhèin air mar a tha Dia a' conaltradh tromhpa. • Meòrachadh air agus a' mìneachadh mar a tha na sgeulachdan sin gan cuideachadh gu beatha Chrìosdail a chur an cèill. • Aithne gur e am Bioball falal Dhè agus a' nochdadh spèis don Bhìoball. • Dol an sàs gu gnìomhach ann an sgeul na Nollaig agus a' deasbad a chudromachd do Chrìosdaidhean. • Toirt iomradh air cuid de fhiosrachadh firinneach mun bheatha ann am Palastàin aig àm ìosa. • Toirt freagairt pearsanta do ìosa mar thidsear agus mar shìlànaclear. • Toirt iomradh air agus a' deasbad air Pàis, Bàs agus Aiseirigh ìosa. • Com-pàirteachadh ann an deasbad agus meòrachadh mu bhrìgh na beatha maireannaich.
Comharran Dhè	<p>Tha fios agam gun urrainn do dhaoine eòlas a chur air gràdh agus càram Dhè tro Choimhearsnachd na h-Eaglaise, agus tha mi air meòrachadh air mar a tha a' choimhearsnachd seo a' dèanamh subhachas còmhla.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-08a</p> <p>Tha mi a' rannsachadh nan Sàcramaidean Inntrigidh is Co-rèite agus bha mi a' meòrachadh air mar a tha na Sàcramaidean a' beathachadh creideis.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-09a</p>	

	Rinn mi sgrùdadh air àite an Spioraid Naoimh nam bheatha, agus ann am beatha dhaoine eile. RERC 1-10a	
Facal Dhè	<p>'S urrainn dhomh cuid de sgeulachdan a' Bhìobaill a cho-roinn, agus 's urrainn dhomh sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha Dia a' labhairt rinn tro na sgeulachdan sin. Tha mi air meòrachadh air mar as urrainn do na sgeulachdan sin mo chuideachadh gu bhith beò mar Chriosdaidh.</p> <p>RERC 1-11a</p> <p>Tha fios agam gur e Facal Dhè gu tur a th' anns a' Bhìoball agus gum bu chòir dhomh ùmhlachd a thoirt dha.</p> <p>RERC 1-12a</p>	
Uairean Dhè	<p>'S urrainn dhomh cudromachd ùrnaigh phearsanta agus ùrnaigh choitcheann aithneachadh ann am fàs dàimh nan uile le Dia. Tha fios agam air grunnan de dh'ùrnaighean Caitligeach traidiseanta agus tha mi air tuigse a leasachadh mu bhrigh nan ùrnaighean sin. Ghabh mi pàirt ann an diofar dhòighean agus eòlasan air ùrnaigh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha ùrnaigh na pàirt chudromach de bheatha litearsaidheach is chràbhach na h-Eaglaise. Tha mi air smaoineachadh air mar a tha iad sin uile nan diofar dhòighean air adhradh do Dia.</p> <p>RERC 1-14a</p> <p>'S urrainn dhomh urram a thoirt do Mhoire mar Mhàthair ìosa agus ar Mhàthair-ne. 'S urrainn dhomh innse carson a tha sinn a' toirt urram dhi.</p> <p>RERC 1-15a</p> <p>Tha fios agam gu bheil an Aifreann aig cridhe beatha</p>	

	<p>na coimhearsnachd Chaitligich, agus tha mi a' leasachadh tuigse air mar a ghabhas mi làn-phàirt san t-subhachas seo.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-16a</p> <p>Tro eòlasan litearsach, mheòraich mi air comas gabhail ri samhlaidhean agus pàirt a ghabhail ann an deas-ghnàthan airson adhradh a dhèanamh do Dhia.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-17a</p> <p>Tha fios agam air cuid de na soidhnichean agus na samhlaidhean co-cheangailte ri Carghas, Càisg, Caingis, Aidmheant agus Nollaig agus 's urrainn dhomh an tuigse seo a chleachdadh airson mo chuideachadh le tàeman nan subhachasan sin a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-18a</p> <p>Tha fios agam gu bheil an Spiorad Naomh a' neartachadh mo chreideimh agus creideamh nan naomh, agus tha mi air meòrachadh air mar a dh'fhaodas sgeulachdan nan Naomh mo bhrosnachadh gu beatha nas Criosdaile a bhith agam.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-19a</p>	
Rioghachadh Dhè	<p>Tha fios agam gu bheil mi air mo ghairm le Dia gu fàs ann an gràdh, ceartas agus fois, nam dhàimhean le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-20a</p> <p>Rannsaich mi buaidh àithne ìosa mu ghràdh a thoirt do Dhia agus dom choimhearsnaich.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-21a</p> <p>Rannsaich mi a' ghairm gu mathanas agus co-rèite, agus mheòraich mi air mar a dh'ath-stèidhicheas seo mo dhàimh le Dia agus le daoine eile. 'S urrainn dhomh an tuigse seo a chur an gnìomh nam dhàimh</p>	

	<p>le Dia agus le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-22a</p> <p>Tha fios agam gun tug Dia saorsa dhomh roghainnean a dhèanamh mun dùigh sa bheil mi gam ghiùlan fhìn nam bheatha. Mheòraich mi air mar a tha co-dhùnaidhean mo chogais a' toirt buaidh air mo dhàimh le Dia agus le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-23a</p> <p>Tha mi air beachdachadh air dòighean sa bheil a' choimhearsnachd Chriosdail Chaitligeach ag obair còmhla, airson cùram don t-saoghal agus do fheumalachdan dhaoine a shealltainn. Mheòraich mi air buadhan seo a thaobh mo bheatha fhìn agus beatha dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-24a</p>	
Creideasan ann an Creideamhan eile an t-Saoghail.	Tha mi mothachail gu bheil na coimhairsnachdan lùdhach agus/no Muslamach a' creidsinn ann an Dia. RERC 1-25a	
Luachan agus cùisean ann an Creideamhan eile an t-Saoghail.	Tha mi mothachail air luachan teaghlaich agus coimhairsnachd anns na creideamhan lùdhach agus/no Muslamach. RERC 1-26a	<ul style="list-style-type: none"> Toirt iomradh air agus a' deasbad chreideasan bunasach lùdhach / Mhuslamaich mu dheidhinn Dia agus luachan teaghlaich is coimhairsnachd. Comharrachadh agus a' deasbad àiteachan adhraidh agus àite Leabhairchean Naomh na coimhairsnachd lùdhach no Muslamaich.
Cleachdaidhean is Traidiseanan ann an Creideamhan eile an t-Saoghail.	<p>'S urrainn dhomh àiteachan adhraidh nan coimhairsnachdan creideimh lùdhach agus/no Muslamach aithneachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-27a</p> <p>Tha fios agam gu bheil leabhairchean spèisealta aig na coimhairsnachdan lùdhach agus/no Muslamach a tha cudromach do an creideasan.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-27b</p>	

Eòlas Creideimh Dàrna Ìre ann an Sgoiltean Caitligeach

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Dìomhaireachd Dhè	<p>Tha mi a' sgrùdadadh tiodhlac beatha phriseil Dhè agus 's urrainn dhomh meòrachadh air agus an dleastanas a thug Dia dhomh a chur an gniomh. RERC 2-01a</p> <p>Tha mi a' rannsachadh sgeulachdan a' Bhìobaill mun Chruthachadh agus 's urrainn dhomh meòrachadh air mar a tha sinn a' tuigsinn nam firinnean sin san t-saoghal nuadh-aimsireil againn. RERC 2-01b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Com-pàirteachadh ann an deasbad agus meòrachadh air gibht na beatha. Mìneachadh nam fhacail fhèin mar a tha sgeulachdan Cruthaidheachd a' Bhìobaill gar cuideachadh gu barrachd eòlais air gibht na beatha. Taisbeanadh tro am facail agus an gniomhan, teagasc na h-Eaglaise mu chùram don t-saoghal agus do chàch. Taisbeanadh tro am facail agus an gniomhan mar a tha ìosa a' toirt buaidh air beatha agus luachan dhaoine. Cleachdadadh eisimpleirean bho bheatha nan Naomh agus gan cur an sàs nam beatha fhèin. Gníomhadh ann an dòigh ghràdhach, cheart agus shìtheil, a' cleachdadadh an gibhtean agus an tàlantan airson math nan uile; agus air dòighean a chomharrachadh airson iad sin a leasachadh. Meòrachadh agus gníomhadh air mar a tha roghainnean math, mathanas agus co-rèite cudromach nan dàimh le Dia agus le càch. Roinn an eòlais air dualchas Crìosdail agus dualchas na coimhearsnachd Chaitligich agus a' cur seo an gniomh ann am pàirtean de am beatha fhèin. Mìneachadh cuid de fhiosrachadh firinneach mu dheidhinn gniomhan eadar-eaglaiseil agus a' deasbad mar a tha e a' cur ri togail Rioghachd Dhè. Comharrachadh nan trì pearsaichean san Trianaid, deasbad am feartan gun choimeas agus roinn dhòighean san toir iad
Ann an ìomhaigh Dhè	<p>Tha fios agam gu bheil Dia ag iarraidh orm na gibhtean a thug Dia dhomh a leasachadh, agus tha mi air meòrachadh air mar as urrainn dhomh an cleachdadadh gu math dhaoine. RERC 2-02a</p>	
Fìrinn Fhoillsichte Dhè	<p>'S urrainn dhomh dàimh Dhè leam fhìn agus le daoine eile a sgrùdadadh. Mheòraich mi air mar is urrainn do ghibht a' chreideimh a dhol air feadh mo phearsa. RERC 2-03a</p> <p>'S urrainn dhomh na trì pearsachan san Trianaid Naoimh aithneachadh, agus mheòraich mi air mar is urrainn dhomh urram a thoirt don Trianaid Naoimh. RERC 2-04a</p>	
Mac Dhè	<p>Tha fios agam gu bheil ìosa dha-rìribh naomh agus dha-rìribh daonna, agus 's urrainn dhomh gabhail ris mar ar Slànaighear a bhios a' toirt thugainn a' Choimhcheangail Ùir. RERC 2-05a</p> <p>Rinn mi sgrùdadadh air cuid de dh'eileamaidean poilitigeach, sòisealta, eachdraidheil agus creideamhail Phalastàin sa chìad linn, agus fhuair mi</p>	

Eagraicheadar Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do brefneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
	<p>tugse mu bheatha ìosa air an talamh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-06a</p> <p>Rinn mi sgrùdadh air inbhe ìosa mar neach-teagaisg agus mar neach-slànachaidh, agus mheòraich mi air mar a tha a bhriathran agus a ghniomhan a' toirt buaidh air mo bheatha agus air beatha dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-06b</p> <p>Rannsaich mi tachartasan Pàis, Bàis agus Aiseirigh ìosa, agus mheòraich mi air brìgh Chaitligeach na beatha maireannaich.</p> <p style="text-align: right;">RERC 1-07a</p>	<p>spèis don Trianaid.</p> <ul style="list-style-type: none"> Com-pàirteachadh ann an deasbad agus meòrachadh mu obair an Spioraid Naoimh, a' roinn eisimpleirean den seo. Comharrachadh agus deasbad nam pàirtean den Bhìoball a' gabhail a-steach teachdaireachd Dhè ann an cuid de earrannan a' Bhìobaill. Mìneachadh gur e am Bioball Facal Dhè agus a' toirt an adhbharan fhèin gum bu chòir a làimhseachadh le ùmhachd. Sealltann spèis don Bhìoball. Comasach air eisimpleirean a thoirt agus a dheasbad, a tha a' sealltann gur e ìosa Dia agus Mac an Duine. Rannsachadh agus comharrachadh prìomh eòlas mu Phalastàin aig àm ìosa. Deasbad cudromachd Pàis, Bàis agus Aiseirigh ìosa airson tugse mu bhrìgh na beatha maireannaich. Com-pàirteachadh ann an deasbadan mu dheidhinn agus toirt eisimpleirean de mar a tha na Sàcramaidean a' neartachadh dhàimhean le Dia agus le càch. Mìneachadh nam facail fhèin cudromachd a' Chomain airson beatha Chrìosdail agus com-pàirteachadh le ùmhachd anns gach pàirt den Aifreann. Ag aithris cuid de dh'ùrnaighean traidiseanta agus com-pàirteachadh le ùmhachd ann an diofar shubhachasan litearsach. Sgrùdadh agus roinn an adhbhair gu bheil soidhnichean agus samhlaidhean air an cleachdad aig diofar amannan
Comharran Dhè	<p>Rannsaich mi dualchas Crìosdail, agus mo dhleastanas sa choimhearsnachd Chaitligich, agus mheòraich mi air mar a dh'fhaodas an dleastanas seo buaidh a thoirt air mo bheatha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-08a</p> <p>Tro mo rannsachadh air na Seachd Sàcramaidean, fhuair mi tugse nas doimhne orra, agus mheòraich mi air mar a tha iad a' neartachadh mo dhàimhean le Dia agus le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-09a</p> <p>'S urrainn dhomh a thuigsinn gur e Suipear an Tighearna 'bun agus bàrr na beatha Chriosdail'.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-09b</p> <p>'S urrainn dhomh smaoineachadh mu bhuaidh fàidheadaireachd an Spioraid Naoimh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-10a</p>	
Facal Dhè	Rinn mi sgrùdadh air structar a' Bhìobaill. 'S urrainn dhomh diofar phàirtean den Bhìoball aithneachadh,	

Eagraicheadar Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bħreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
	<p>agus rannsaich mi teachdaireachd Dhè anna sin. RERC 2-11a</p> <p>Tha fios agam gur e Facal Dhè gu tur a th' anns a' Bhìoball agus gum bu chòir dhomh ùmhlachd a thoirt dha. RERC 2-12a</p>	<p>den bhliadhna litearsach, agus cleachdadhe shamlaidhean is deas-ghnàthan airson adhradh do Dhia, a' meòrachadh air an adhbhar.</p> <ul style="list-style-type: none"> Roinn dhòighean gu bheil dilseachd do Mhoire a' neartachadh creideamh beatha phearsanta agus ag ràdh nam facail fhèin carson a tha Moire cudromach do Chaitligich.
Uairean Dhè	<p>'S urrainn dhomh cudromachd ùrnaigh phearsanta agus ùrnaigh choitcheann aithneachadh, ann am fàs dàimh dhaoine le Dia. Tha fios agam air grunnan de dh'ùrnaighean Caitligeach traídiseanta agus tha mi air tuigse a leasachadh mu bhrigh nan ùrnaighean sin. Ghabh mi pàirt ann an diofar dhòighean agus eòlasan air ùrnaigh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha ùrnaigh na pàirt chudromach de bheatha litearsaidheach is chràbhach na h-Eaglaise. Tha mi air meòrachadh air mar a tha iad sin uile nan diofar dhòighean air adhradh do Dhia. RERC 2-14a</p> <p>'S urrainn dhomh cudromachd Moire anns an traídisean Chaitligeach aithneachadh, agus tha fios agam gun urrainn comharrachadh a làithean fèille agus a bhith ag ùrnaigh do Dhia tro Mhoire, mo bheatha a dhèanamh nas saidhbhire. RERC 2-15a</p> <p>Tha fios agam gu bheil an Aifreann aig cridhe beatha na coimhearsnachd Chaitligich, agus tha mi a' leasachadh tuigse air mar a ghabhas mi làn-phàirt san t-subhachas seo. RERC 2-16a</p> <p>Tha mi air meòrachadh, tro eòlasan litearsach, air</p>	

Eagraicheadar Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bħreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
	<p>comas gabail ri samhlaidhean agus pàirt a ghabail ann an deas-ghnàthan airson adhradh a dhèanamh do Dha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-17a</p> <p>Tha fios agam air cuid de na soidhnichean agus na samhlaidhean co-cheangailte ri Carghas, Càisg, Caingis, Aidmheant agus Nollaig agus 's urrainn dhomh an tuigse seo a chleachdadhe airson mo chuideachadh le tàeman nan subhachasan sin a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-18a</p> <p>Tha fios agam gu bheil an Spiorad Naomh a' neartachadh mo chreideimh agus creideamh nan naomh, agus mheòraich mi air mar a dh'fhaodas sgeulachdan nan Naomh mo bhrosnachadh gu beatha nas Criosdail a bhith agam.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-19a</p> <p>Tha fios agam gu bheil mi air mo ghairm le Dia gu fàs ann an gràdh, ceartas agus fois, nam dhàimhean le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-20a</p> <p>'S urrainn dhomh fhaicinn mar a ghabhas cumadh a thoirt air mo dhàimh le Dia agus le daoine eile tro luachan Rìoghachd Dhè.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-21a</p> <p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha Eaglaisean Criosdail eile air cur ri Rìoghachd Dhè. Rannsaich mi mu għniomh uil'-eaglaiseil agus mheòraich mi air a' bhuaidh a tha aige san t-saoghal.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-21b</p>	
Rìoghachadh Dhè		

Eagraicheadar Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bħreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
	<p>Rannsaich mi a' ghairm gu mathanas agus co-rèite, agus mheòraich mi air mar a dh'ath-stèidhicheas seo mo dhàimh le Dia agus le daoine eile. 'S urrainn dhomh an tuigse seo a chur an gniomh nam dhàimh le Dia agus le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-22a</p> <p>Tha fios agam gun tug Dia saorsa dhomh roghainnean a dhèanamh mun dòigh sa bheil mi gam ghiùlan fhìn nam bheatha. Mheòraich mi air mar a tha co-dhùnaidhean mo chogais a' toirt buaidh air mo dhàimh le Dia agus le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-23a</p> <p>Bheachdaich mi air dòighean sa bheil a' choimhearsnachd Chriosdail Chaitligeach ag obair còmhla, airson càram don t-saoghal agus do fheumalachdan dhaoine a shealltainn. Mheòraich mi air buadhan seo air mo bheatha agus beatha dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-24a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Roinn prìomh chreideasan agus prionnsapalan stiùiridh airson beatha lùdhach NO Muslamach. • Roinn phuingean fìrinn agus com-pàirteachadh ann an deasbad mu chleachdaidhean, buill-ealain, àiteachan adhraidh agus fèillean creideamhach lùdhach no Muslamach.
Creideasan ann an Creideamhan eile an t-Saoghail	Rannsaich mi cuid de chreideasan nan coimhairsnachdan lùdhach agus/no Muslamach.	
		RERC 2-25a
Luachan agus cùiseann ann an Creideamhan eile an t-Saoghail	'S urrainn dhomh cuid de na prionnsapalan aithneachadh, ris a bheil daoine a bhuiteas do na coimhairsnachdan creideimh lùdhach agus/no Muslamach a' cumail.	
		RERC 2-26a
Cleachdaidhean is Traidiseanan ann Creideamhan	'S urrainn dhomh co-roinneadh a dhèanamh air cuid de na prìomh fheartan agus dheas-ghnàthan, a tha co-cheangailte ri àiteachan adhraidh	

Eagraicheadar Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bħreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
eile an t-Saoghal	<p>choimhearsnachdan lùdhach agus/no Muslamach, agus rim fèillean.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-27a</p> <p>'S urrainn dhomh cuid de na cleachdaidhean agus buill-ealain co-cheangailte ris na coimhearsnachdan lùdhach agus/no Muslamach agus am fèillean, aithneachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 2-27b</p>	

Eòlas Creideimh Treas ìre ann an Sgoiltean Caitligeach

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Dìomhaireachd Dhè	<p>Tha mi ag aithneachadh shuidheachaidhean iongnaidh is dìomhaireachd sa bheatha. An dèidh beachdachadh air a' chreideas gu bheil na suidheachaidhean sin nan comharran air cuireadh dàimhe bho Dhia, 's urrainn dhomh innse mar a tha buaidh aca sin air ar mothachadh mu nithean a tha naomh nar beatha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Comharrachadh agus deasbad shuidheachaidhean de iongnadh is dìomhaireachd agus toirt iomradh air mar a tha iad sin gar dèanamh mothachail do làthaireachd Dhè. Toirt feum à rannsachadh airson dòighean a mhìneachadh sa bheil an Spiorad Naomh ag obair ann an saoghal an latha an-diugh. Toirt iomradh nam facail fhèin air a' cheangal eadar faireachadh de naomhachd agus cleachdadh air creideamh. Mineachadh lèirsinn Chriosdail air mòralachd a' phearsa daonna agus a' deasbad mar a dh'fhaodas seo buaidh a thoirt air leasachadh pearsanta. Nochdadh mar a tha ionnsachadh mu ìosa agus teagasc na h-Eaglais, ag atharrachadh mar a tha iad fhèin agus càch a' roghnachadh iad fhèin a ghiùlan. Tighinn gu co-dhùnaidhean moralta fiosraichte agus cur an cèill ionnsachadh mu mhathanas. Cur an gnìomh Teagasc Sòisealta Caitligeach.
Ann an ìomhaigh Dhè	<p>Bheachdaich mi air an lèirsinn Chriosdail mu inbhe an duine, dèante ann an ìomhaigh agus coltas Dhè. Tha mi air meòrachadh air mar a chuidich seo le mo thoirt chun na h-ìre aig a bheil mi mar phearsa san latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-02a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Mineachadh carson a tha an Tiomnadhl Nuadh cudromach do Chriosdaidhean. Cur an sàs ionnsachadh mu chruthan litreachail gus teacsainchean bhon Bhioball eadar-mhìneachadh. Toirt iomradh mionaideach air mar a tha Dia a' labhairt ri daoine agus mar a tha Dia air thoillseachadh ann an Sgriobtair Naomh. Deasbad a thugse fhèin do nàdar Dhè. Mineachadh gu bheil Chriosdaidhean a' creidsinn gu bheil ìosa dha-rìribh naomh agus dha-rìribh daonna. Roinn freagairt pearsanta do theagasc a thaobh ìosa mar Shlànaighear. Taisbeanadh rannsachadh mu dhùil nan lùdhach air a'
Fìrinn Fhoillsichte Dhè	<p>Rinn mi sgrùdadadh air an dòigh anns a bheil Dia ri fhaicinn ann am beatha prìomh dhaoine, agus tachartasan air a bheil iomradh san t-Seann Tiomnadhl.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-03a</p> <p>Rinn mi sgrùdadadh air prìomh thachartasan san Tiomnadhl Nuadh, far a bheil Dia air a shealltainn mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh. Tha mi air beachdachadh air a' bhuaidh a tha aig seo air mo thugse mu nàdar Dhè.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Mineachadh carson a tha an Tiomnadhl Nuadh cudromach do Chriosdaidhean. Cur an sàs ionnsachadh mu chruthan litreachail gus teacsainchean bhon Bhioball eadar-mhìneachadh. Toirt iomradh mionaideach air mar a tha Dia a' labhairt ri daoine agus mar a tha Dia air thoillseachadh ann an Sgriobtair Naomh. Deasbad a thugse fhèin do nàdar Dhè. Mineachadh gu bheil Chriosdaidhean a' creidsinn gu bheil ìosa dha-rìribh naomh agus dha-rìribh daonna. Roinn freagairt pearsanta do theagasc a thaobh ìosa mar Shlànaighear. Taisbeanadh rannsachadh mu dhùil nan lùdhach air a'
Mac Dhè	Tha fios agam gu bheil ìosa dha-rìribh naomh agus dha-rìribh daonna, agus 's urrainn dhomh gabhail ris mar ar Slànaighear a bhios a' toirt thugainn a'	

	<p>Choimhcheangail Ùir.</p> <p>RERC 3-05a</p> <p>Rannsach mi beatha shòisealta, phoilitigeach agus chreideamhail dùthaich ìosa bho chionn 2000 bliadhna, airson mo thugse mu dhùilean lùdhach mun Mhessiah a leasachadh.</p> <p>RERC 3-06a</p> <p>An dèidh priomh thachartasan a rannsachadh mu Mhinstrealachd, Pàis, Bàs agus Aiseirigh ìosa, agus tòiseachadh na h-Eaglaise, 's urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air a' bhuaidh a bha aig na tachartasan sin, agus buaidh an Spioraid Naoimh air: tuigse nan tràth-choimhairsnachdan Crìosdail mu nàdar ìosa; a làthaireachd leantainneach agus a dhearbh-aithne; leasachadh na h-Eaglaise.</p> <p>RERC 3-07a</p>	<p>Mhessiah.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Taghadh fiosrachadh bhon Tiomnad Nuadh agus a' mionsgrùdadhar mar a chuir iad sin ri teagast na h-Eaglaise air nàdar ìosa agus leasachadh na h-Eaglaise. • Deasbad agus toirt iomradh air mar a tha na Sàcramaidean nan coinneamhan le ìosa, a tha a' beatbachadh ar dàimh le Dia agus le càch agus a' mìneachadh cudromachd na h-Aifreann. • Roinn an adhbhair gu bheil ùrnaigh cudromach ann an dàimh le Dia. Aithne air ùrnaighean traidiseanta agus compàirteachadh ann an diofar chruthan ùrnaigh. • Deasbad air diofar dheas-ghnàthan agus shamhlaidhean a tha air an cleachdadh ann an litearsaigh agus roinn eòlas mun bhliadhna Litearsach. • Mìneachadh cudromachd Moire do Chrìosdaidhean.
Comharran Dhè	<p>Tha mi air meòrachadh air cudromachd nan Sàcramaidean ann am beatha coimhairsnachd a' Chreideimh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha iad sin a' toirt cothrom dhuinn air coinneachaidhean cudromach a bhith againn ri ìosa fad ar beatha.</p> <p>RERC 3-08a</p> <p>'S urrainn dhomh a mhìneachadh mar a tha mo thugse mu na Sàcramaidean a' toirt buaidh air mo thugse fhìn agus tuigse dhaoine eile, a thaobh mar a tha na Sàcramaidean (gu h-àraid Suipear an Tighearna, mar bhun agus bàrr na beatha Chrìosdail) a' toirt Chrìosd an làthair airson taic agus beathachadh a thoirt do ar dàimh le Dia agus le chèile.</p> <p>RERC 3-09a</p> <p>Rannsach mi an creideas gu bheil an Spiorad Naomh a' brosnachadh agus a' toirt cumhachd don Eaglais,</p>	

	<p>airson a dleastanas fàidheadaireachd agus misein a choileanadh ann an saoghal an latha an-diugh. Rannsaich mi suidheachaidhean a tha nam fianais air seo. 'S urrainn dhomh innse mar tha e comasach dhomh fhìn agus do dhaoine eile cur ris an obair seo.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-10a</p>	
Facal Dhè	<p>Airson mo chuideachadh leis an teachdaireachd a thuigsinn, a bha am beachd sgrìobhaichean nan teacsainchean sa Bhioball, tha mi air mothachadh do na cruthan litreachail sa Bhioball a leasachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-11a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mu mo thugse don dòigh a tha teacsainchean a' Bhiobaill ag ràdh gun robh agus gu bheil Dia a' labhairt ri daoine ann an saoghal an latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-12a</p> <p>Tha fios agam gu bheil cùl-tuigse math den Tiomnad Nuadh cudromach airson a bhith beò mar Chriosdaidh san latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-13a</p>	
Uairean Dhè	<p>'S urrainn dhomh cudromachd ùrnaigh phearsanta agus ùrnaigh choitcheann aithneachadh, ann am fàs cheangalan dhaoine ri Dia. Tha fios agam air grunnan de dh'ùrnaighean Caitligeach traidiseanta agus tha mi air tuigse a leasachadh mu bhrìgh nan ùrnaighean sin. Ghabh mi pàirt ann an diofar dhòighean agus eòlasan air ùrnaigh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha ùrnaigh na pàirt chudromach de bheatha litearsaideach is chràbhach na h-Eaglaise. Tha mi air meòrachadh air mar a tha iad sin uile nan diofar dhòighean air adhradh do Dhia.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-14a</p> <p>'S urrainn dhomh àite Moire ann an Ùrnaigh Choitcheann na h-Eaglaise a mhineachadh, agus ann</p>	

	<p>am beatha ùrnaigh Chriosdaidhean fa leth. 'S urrainn dhomh cuideachd an t-àite aig Moire ann an traidiseanan Criodail eile a mhìneachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-15a</p> <p>Aithnichidh mi an Aifreann mar an dà chuid, lòn naomh agus iobairt, agus mheòraich mi air brìgh seo a thaobh saoradh daonna.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-16a</p> <p>Rannsaich mi brìgh deas-ghnàth agus samhla ann an Litearsaidh Naomh na h-Eaglaise.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-17a</p> <p>Tha mi air beachdachadh air na tachartasan litearsaidheach ann an Seachdain na Ceusta, sa Chàisg, Aidmheant agus san Nollaig. 'S urrainn dhomh smaoineachadh breithneachail a dhèanamh air fior-chudromachd fèill na Càisge ann an Clàr Litearsaidheach na h-Eaglaise.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-18a</p>	
Rìoghachadh Dhè	<p>Mheòraich mi air na Deich Àithntean agus air teagast Chriosda. Ghabh mi ri dùblan pearsanta Chriosd a thaobh cur ri cruthaidheachd saoghail air a chruth-atharrachadh, sa bheil Ceartas, Gràdh agus Sith tro chumhachd an Spioraid Naoimh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-20a</p> <p>Chuir mi eòlas air cò ris a tha e coltach a bhith glic agus truacanta. 'S urrainn dhomh innse mar a thug an t-eòlas sin buaidh air mo thugse de mo luach mar phearsa, de mo mhothachadh do fheumalachdan dhaoine eile agus de mo dheòin cur ri seirbheis airson math an t-sluaign.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-21a</p> <p>Rannsaich mi a' ghairm gu mathanas agus co-rèite, agus mheòraich mi air mar a dh'ath-stèidhicheas seo</p>	

	<p>mo dhàimh le Dia agus le daoine eile. 'S urrainn dhomh an tuigse seo a chur an gnìomh nam dhàimh le Dia agus le daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-22a</p> <p>Tha mi air mothachadh a leasachadh do na h-eileamaidean a tha deatamach airson co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh, agus rannsaich mi suidheachaidhean a tha nan dùblan moralta sa bheatha. 'S urrainn dhomh iomradh a thoirt air mo fhreagairt do na suidheachaidhean sin agus a mhìneachadh, agus freagairtean dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-23a</p> <p>Tha mi air cothroman fhaighinn a dhol an sàs ann an cùisean co-cheangailte ri mì-cheartas sóisealta. 'S urrainn dhomh innse mar a thug teagastg na h-Eaglaise buaidh air mo fhreagairt agus freagairtean dhaoine eile do na cùisean sin.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-24a</p>	
Creideasan ann an Creideamhan eile an t-Saoghal	<p>'S urrainn dhomh innse mar a tha faireachadh mu naomhachd a' toirt buaidh air bith-beò làitheil dhaoine de dhiofar chreideamhan.'S urrainn dhomh cuideachd innse mar a thug mo thuigse mun seo buaidh air mo spèis do chreideamhan dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-25a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh an spèis fhèin do chreideamh dhaoine eile. • Rannsachadh agus toirt iomradh air beachdan agus luachan moralta bho aon chreideamh den t-saoghal agus gan co-cheangal ri an luachan fhèin. • Rannsachadh agus mìneachadh mar a tha daoine san latha an-diugh a' cur an creideamh an cèill tro phriomh dheas-ghnàthan agus cleachdaidhean aon chreideamh den t-saoghal, agus gan co-cheangal ri an cleachdadh fhèin air creideamh.
Luachan agus cùisean ann an Creideamhan eile an t-Saoghal	<p>Rannsaich mi agus 's urrainn dhomh innse mu dheidhinn beachdan agus luachan moralta prìomh chreideamhan an t-saoghal.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-26a</p> <p>'S urrainn dhomh iad sin a cheangal rim luachan fhìn.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-26b</p>	
Cleachdaidhean is Traidiseanan	Rannsaich mi prìomh dheas-ghnàthan agus cleachdaidhean creideamhan eile an	

ann an Creideamhan eile an t-Saoghal	<p>t-saoghal. 'S urrainn dhomh an cudromachd a mhìneachadh do luchd-leantainn nan creideasan sin.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-27a</p> <p>Rannsaich mi mar a bhios daoine bho chreideamhan eile an t-saoghal a' cur an creideasan an cèill san latha an-diugh. 'S urrainn dhomh iad sin a cheangal rim chleachdadh creideamhach fhìn.</p> <p style="text-align: right;">RERC 3-27b</p>	
---	--	--

Eòlas Creideimh Ceathramh ìre ann an Sgoiltean Caitligeach

Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Dìomhaireachd Dhè	<p>Tha mi a' smaoineachadh mun chreideamh Chaitligeach, gu bheil nàdar daonna gach neach gu bunaiteach fosgalte do Dhia, a tha a' gairm gach neach gu dàimh is lànachd beatha. 'S urrainn dhomh innse mar a tha buaidh aig an seo air ar mothachadh do chudromachd agus làthaireachd Dhè nar beatha làitheil.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Mineachadh mionaideach air mar a tha an Trianaid air a foillseachadh san Tiomnad Nuadh. Nochdadadh fèin-mhothachadh do Dhia sa bheatha làitheil agus air tuigse nas doimhne a leasachadh do nàdar Dhè. Toirt iomradh air an tuigse do fhìrinn agus brìgh na beatha. Ceangal ionnsachadh mu SGriobtair le bhith beò mar Chrìosdaidh. Gniomhadh air dùbhlann Chrìosd gu cruth-atharrachadh a thoirt air an t-saoghal. Mineachadh teagaisg na h-Eaglaise a thaobh ceartas sòisealta, agus a' taisbeanadh mar a tha iadsan agus daoine eile a' freagairt chùisean de dhùbhlann moralta agus mì-cheartas sòisealta. Nochdadadh am beachd fhèin mun fheum air co-rèite sa chomann-shòisealta. Meòrachadh air gairm-beatha phearsanta agus nochdadadh mar a bhios buaidh aig an seo air co-dhùnaidhean san àm ri teachd. Deasbad agus mineachadh an tuigse fhèin den Chor-phabhail agus Saoradh. Mineachadh agus deasbad gun robh ìosa an làthair a-riamh. Geàrr-iomradh air rannsachadh mun dùil lùdhach a thaobh a' Mhessiah. Tighinn gu co-dhùnadh mu chudromachd na Càisge. Mineachadh mar a tha na Sàcramaidean nan coinneamhan le ìosa agus mar a tha com-pàirteachadh anns na Sàcramaidean a' toirt buaidh air a' bheatha làitheil. Taisbeanadh tro fhacail agus gniomhan mar a tha na Sàcramaidean a' cur ri obair an Spioraid Naoimh.
Ann an ìomhaigh Dhè	<p>'S urrainn dhomh innse mar a thug an lèirsinn Chrìosdail air an duine buaidh air ar tuigse mun bheatha mar thuras a dh'ionnsaigh sàsachadh ann an Dia. Tha mi air meòrachadh air agus 's urrainn dhomh iomradh a thoirt air m' fhaireachadh de ghairm-beatha nam bheatha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-02a</p>	
Fìrinn Fhoillsichte Dhè	<p>Rinn mi sgrùdadh air priomh thachartasan san Tiomnad Nuadh, far a bheil Dia air a shealltainn mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh. Tha mi air beachdachadh air mar a tha seo a' toirt buaidh air mo thugse mu nàdar Dhè.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-04a</p>	
Mac Dhè	<p>Rannsaich mi an creideamh Crìosdail, a tha ag ràdh gu bheil Dia tro ìosa, a' tighinn a-steach agus a' cruth-atharrachadh nàdar daonna agus gu bheil e aig teis-meadhan a' chruthachaidh uile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-05a</p> <p>Rinn mi rannsachadh air beatha shòisealta, phoilitigeach agus chreideamhail dùthach ìosa bho chionn 2000 bliadhna, airson mo thugse mu dhùilean</p>	

	<p>Iùdhach a' Mhessiah a leasachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-06a</p> <p>Tha mi air meòrachadh air brìgh agus cudromachd bàs agus aiseirigh ìosa, a thaobh na tuigse Chriosdail mu ìosa mar Mhac Dhè, agus Mac an duine. 'S urrainn dhomh innse mun bhuaidh a bha aig an seo air mo thugse agus mo chreideas fhìn agus chàich, mu ìosa.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Mineachadh cudromachd na h-Aifreann airson Saoradh. • Mineachadh brìgh deas-ghnàth agus samhla ann an Litearsaigh. • Tighinn gu co-dhùnaidhean mu dheidhinn an adhbhair gu bheil Dia a' labhairt ri daoine. • Leasachadh agus nochdadh an adhbharan fhèin a thaobh gu bheil ùrnaigh cudromach. • Fios air ùrnraighean traidiseanta agus com-pàirteachadh gu neo-eisimeileach ann an diofar chruthan ùrnaigh. • Toirt eisimpleirean de chudromachd Moire do Chriosdaidhean agus ag aiseag an eòlais seo gu diofar chotheacsaichean.
Comharran Dhè	<p>Tha mi air meòrachadh air cudromachd nan Sàcramaidean ann am beatha coimhlearsnachd a' Chreideimh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha iad sin a' toirt cothrom dhuinn air coinneachaidhean cudromach le ìosa fad ar beatha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-08a</p> <p>'S urrainn dhomh mineachadh mar a tha mo thugse mu na Sàcramaidean a' toirt buaidh air mo thugse fhìn agus tuigse dhaoine eile, a thaobh mar a tha na Sàcramaidean (gu h-àraidh Suipear an Tighearna, mar bhun agus bàrr na beatha Chriosdail) a' toirt Chriosd an làthair airson taic agus beathachadh a thoirt do ar dàimh le Dia agus le chèile.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-09a</p> <p>Rannsaich mi an creideas gu bheil an Spiorad Naomh a' brosnachadh agus a' toirt cumhachd don Eaglais, airson dleastanas fàidheadaireachd agus misein a choileanadh ann an saoghal an latha an-diugh. Rannsaich mi suidheachaidhean a tha nam fianais air an seo. 'S urrainn dhomh innse mar tha e comasach dhomh fhìn agus do dhaoine eile cur ris an obair seo</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-10a</p>	
Facal Dhè	Bheachdaich mi air a' chreideas gu bheil Dia a' labhairt rinn ann an Sgriobtar Naomh agus ann an Traidisean Naomh, mar a tha air a mhìneachadh ann	

	<p>am beatha agus ann an teagast leantainneach na h-Eaglaise. 'S urrainn dhomh innse mar a bha buaidh aca sin air mo thugse agus air tuigse dhaoine eile mun fhìrinn agus mu bhrigh na beatha.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-11a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mu mo thugse air an dòigh a tha teacsainchean a' Bhìobaill ag ràdh mar a bha Dia a' labhairt ri daoine san àm a dh'fhalbh agus mar a tha san latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-12a</p> <p>Tha fios agam gu bheil cùl-tuigse math den Tiomnad Nuadh cudromach airson a bhith beò mar Chriosdaidh san latha an-diugh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-13a</p>	
Uairean Dhè	<p>'S urrainn dhomh cudromachd ùrnaigh phearsanta agus ùrnaigh choitcheann aithneachadh, ann am fàs cheangalan dhaoine ri Dia. Tha fios agam air grunnan de dh'ùrnaighean Caitligeach traidiseanta agus tha mi air tuigse a thoirt air adhart mu bhrigh nan ùrnaighean sin. Ghabh mi pàirt ann an diofar dhòighean agus eòlasan air ùrnaigh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha ùrnaigh na pàirt chudromach de bheatha litearsaidheach is chràbhach na h-Eaglaise. Tha mi air meòrachadh mu dheidhinn mar a tha iad sin uile nan diofar dhòighean air adhradh do Dia.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-14a</p> <p>'S urrainn dhomh àite Moire ann an Ùrnaigh Choitcheann na h-Eaglaise a mhìneachadh, agus ann am beatha ùrnaigh Chriosdaidhean fa leth. 'S urrainn dhomh cuideachd an t-àite aig Moire ann an traidiseanan Criodsdail eile a mhìneachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-15a</p>	

	<p>'S urrainn dhomh an Aifreann aithneachadh mar an dà chuid, lòn naomh agus iobairt, agus mheòraich mi air brìgh seo a thaobh saoradh daonna.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-16a</p> <p>Rannsaich mi brìgh deas-ghnàth agus samhla ann an Litearsaigh Naomh na h-Eaglaise.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-17a</p> <p>Tha mi air beachdachadh air na tachartasan litearsaidheach ann an Seachdain na Ceusta, sa Chàisg, Aidmheant agus san Nollaig. 'S urrainn dhomh meòrachadh breithneachail a dhèanamh air fior-chudromachd feill na Càisge ann an Clàr Litearsaidheach na h-Eaglaise.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-18a</p>	
Rioghachadh Dhè	<p>Mheòraich mi air na Deich Àithntean agus air teagast Chriosd. Ghabh mi ri dùblan pearsanta Chriosd airson cur ri cruthaidheachd air saoghal air a chruth-atharrachadh, saoghal le Ceartas, Gràdh agus Sith tro chumhachd an Spioraid Naoimh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-20a</p> <p>Dh'fhairich mi cò ris a tha e coltach a bhith glic agus truacanta. 'S urrainn dhomh innse mar a thug an t-eòlas sin buaidh air mo thugse mu mo luach mar phearsa, mu mo mhothachadh air feumalachdan dhaoine eile agus mu mo dheòin a thaobh cur ri seirbheis airson math an t-sluaigh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-21a</p> <p>Smaoinich mi mun fheum air co-rèite ann an suidheachaidhean sa chomann-shòisealta.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-22a</p> <p>Tha mi air mothachadh a leasachadh do na h-eileamaidean a tha deatamach airson co-</p>	

	<p>dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh, agus rannsach mi suidheachaidhean far a bheil dùblan moralta sa bheatha. 'S urrainn dhomh iomradh a thoirt air mo fhreagairt agus freagairtean chàich do na suidheachaidhean sin agus am mìneachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-23a</p> <p>Tha mi air cothroman fhaighinn a dhol an sàs ann an cùisean co-cheangailte ri mì-cheartas sòisealta. 'S urrainn dhomh innse mar a thug teagasg na h-Eaglaise buaidh air mo fhreagairt agus air freagairtean dhaoine eile, do na cùisean sin.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-24a</p>	
Creideasan ann an Creideamhan eile an t-Saoghal	<p>Rinn mi rannsachadh air tùsan priomh chreideasan nan diofar chreideamhan san t-saoghal. 'S urrainn dhomh iomradh a thoirt agus luachadh a dhèanamh air diofar chreideasan mu nàdar daonna agus freastal, duilgheadasan co-cheangailte ri olc agus fulang, agus ri beatha às dèidh bàs.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-25a</p> <p>'S urrainn dhomh mo chreideasan fhìn air na cùisean sin a chur an cèill le misneachd.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-25b</p>	
Luachan agus cùisean ann an Creideamhan eile an t-Saoghal	<p>Rinn mi rannsachadh air agus 's urrainn dhomh na priomh luachan aithneachadh, a tha aig cridhe priomh chreideamhan an t-saoghal.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-26a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mar a tha seo air mo mhothachadh mu choiteantachd luachan thar priomh chreideamhan an t-saoghal a leasachadh. 'S urrainn dhomh luachadh a dhèanamh air a' chudromachd a tha aig na luachan sin airson math gach neach fa leth agus seasmhachd a' chomainn-shòisealta.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-26b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gu neo-eisimeileach a' rannsachadh priomh chreideasan agus priomh luachan bho aon chreideamh eile den t-saoghal, agus a' cur an cèill an creideasan fhèin mu na cùisean sin le misneachd.

<p>Cleachdaidhean is Traidiseanan ann an Creideamhan eile an t- Saoghal</p>	<p>Tro bhith a' rannsachadh nan traídiseanan, cleachdaidhean agus deas-ghnàthan ann am prìomh chreideamhan an t-saoghail, tha mi air mo thugse dhiubh agus mo spèis do dhaoine à creideamhan eile, a leasachadh.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-27a</p> <p>'S urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air àite-adhraidh ann an Alba agus anns an t-saoghal cho-aimsireil san fharsaingeachd.</p> <p style="text-align: right;">RERC 4-27b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Dèanamh coimeas eadar ionnsachadh bho rannsachadh le creideamhan eile an t-saoghail, agus a' deasbad buaidh iad sin gu math a' chomainn-shòisealta. • Taisbeanadh spèis agus tuigse do dhaoine de dhiofar chreideamhan. • Toirt iomradh air an àite aig cleachdadh creideamhach ann an Alba agus san t-saoghal fharsaing.
--	--	---